



CUIREADH GU TAIRGSE – OS-SHEALLADH

Seirbheisean GFX

1 Iuchar 2026

1. Tha MG ALBA a' toirt cuireadh dhuibh tairgse a dhèanamh airson solarachadh nan seirbheisean gu h-àrd.
2. Feumar an Tairgse a chur a-steach tro phost-d gu tender@mgalba.com
3. Feumaidh tairgsean ruighinn ro **2f** air **Diciadain 12 Lùnastal 2026**. Dh'fhaodte nach tèid beachdachadh air tairgsean a thig a-steach às dèidh seo.
4. Chan eil MG ALBA ceangailte ri gabhail ri Tairgse sam bith a gheibhear.
5. Bu chòir ceistean a chur gu tender@mgalba.com. Gheibhear cuidhteas fèin-obrachaidh mar fhreagairt.
6. Dh'fhaodte nach tèid beachdachadh air an Tairgse agaibh mura coinnich e ri riatanasan nan sgrìobhainnean a leanas:
 - A. Seirbheisean a tha gan Sireadh
 - B. Fiosrachadh agus Stiùireadh do Luchd-tairgse
 - C. Slatan-tomhais Buileachaidh agus Meatrags Sgòraidh
 - D. Ceisteachan: Fiosrachadh Riatanach agus Dearbhadh

A. SEIRBHEISEAN A THA GAN SIREADH

1. Mu MG ALBA

Tha còrr is 40 neach-obrach aig MG ALBA. 'S e prìomh obair na companaidh coimiseanadh susbaint mheadhanan lèir-chlaistinn bho chompanaidhean riochdachaidh mheadhanan agus obrachadh seirbheis lèir-chlaistinn Gàidhlig BBC ALBA ann an co-obrachadh leis a' BhBC.

Bu chòir do luchd-tairgse tadhal air www.mgalba.com airson fiosrachadh mun chompanaidh, agus airson fiosrachadh mun chompairteachas againn leis a' BhBC bu chòir tadhal air www.mgalba.com/about-us/bbc-alba/.

2. Seirbheisean a tha gan sireadh

Tha tairgsean gan sireadh bho sholaraidhean iar-riochdachaidh le eòlas gus na leanas a dhèanamh:

1. Seirbheisean riochdachaidh airson nam pìosan eadar nam prògraman (interstitial production services) airson ùrlaran loidhneach is air-iarrtais BBC ALBA
2. Cruthachadh filmichean-taisbeanaidh (showreels) foillseachaidh airson MG ALBA.

Airson nan seirbheisean seo, tha sinn a' sireadh compàirtiche comasach air nam pìosan eadar nam prògraman a dhèanamh de dh'àrd ìre, neo-mhearachdach, tarraingeach agus co-leanailteach a libhrigeadh gu cinn-ama libhrigidh teann air stèidh sheachdaineach leantainneach. Feumaidh riochdachadh *interstitial* sùbailteachd gus dèanamh cinnteach, a bharrachd air coinneachadh ri libhrigeadh seachdaineil nan ceanglaichean, gun urrainnear cuid de na ceanglaichean ath-dhèanamh ma dh'atharraicheas an clàr-ama aig a' mhionaid mu dheireadh air sgàth geama spòrs msaa.

Tòisichidh an cùmhnant air 1 Dàmhair 2026.

Is iad na seirbheisean a tha gan sireadh:

Seirbheisean Libhrigidh *Interstitial**

- Cur grafaigean is branndaichean, fuaim is ceòl BBC ALBA air *promos* is trèilearan BBC ALBA de dhiofar fhaid – mu 5 *promos* gach seachdain
- Cur phasganan *interstitial* ri chèile bho shusbaint a th' ann mar-thà – timcheall air 60 uair a thìde sa bhliadhna air an sgaoileadh gu cothromach thairis air a' bhliadhna
- Cruthachadh *promos* is trèilearan coitcheann bho àm gu àm
- Cruthachadh chlàran-roghainn, stiùiridhean prògraim agus eileamaidean taisbeanaidh eile 2-4 san t-seachdain

*Chan eil iar-riochdachadh fuaim air a ghabhail a-steach san t-seirbheis seo

Filmichean-taisbeanaidh

- Cur ri chèile de 3 filmichean-taisbeanaidh ràitheil airson BBC ALBA timcheall air 5 mionaidean a dh'fhaid, aig Nollaig, Earrach is Foghar
- Cur ri chèile film-taisbeanaidh a' comharrachadh soirbheasan MG ALBA, le BBC ALBA, FilmG, SpeakGaelic, LearnGaelic msaa.

Toraidhean

Thèid a h-uile eileamaid a libhrigeadh gu prìomh oifis MG ALBA ann an Steòrnabhagh a' cleachdadh Media Shuttle (bheir MG ALBA seachad am portal libhrigidh) no tro cheangal dìreach far a bheil sin iomchaidh.

- Faidhle MXF de gach eadar-cheangal crìochnaichte (interstitial break) chun na h-ìre theicnigich aontaichte
- *Promothan* dheasaichte
- Eileamaidean a ghabhas deasachadh airson cheanglaichean, *promothan* agus clàran-roghainn gus an gabh atharrachaidhean simplidh a dhèanamh gu luath m.e. atharrachadh clàr-ama ball-coise aig a' mhionaid mu dheireadh
- Faidhlichean AAF
- .mov no prìomh chruth deasachaidh ionann de dh'fhilmichean-taisbeanaidh crìochnaichte

3. Toraidhean

Is iad na prìomh thoraidhean:

- Libhrigeadh neo-mearachdach, èifeachdach ann an deagh thìde de dh'eileamaidean eadar-cheangail tron bhliadhna
- Seasmhachd fhollaiseach ann an siostaman agus luchd-obrach
- Eachdraidh fhollaiseach a thaobh libhrigeadh leantainneach de shusbaint gu cinn-ama teann
- Pròiseas èifeachdach agus lìomhte le luchd-obrach MG ALBA agus solaraichean taobh a-muigh

Thèid **KPlan** a ghabhas tomhas aontachadh nuair a thèid an luchd-tairgse soirbheachail ainmeachadh.

4. Faid a' chùmhnaid

Tòisichidh an cùmhnaid air 1 Dàmhair 2026 airson ùine 12 mìosan, a' crìochnachadh air 30 Sultain 2027, le roghainn a leudachadh airson 12 mìosan eile.

5. Pris

Tha MG ALBA air buidseat suas ri £90,000 (às aonais VAT) gach bliadhna a chur an dàrna taobh airson a' chùmhnaid seo. Bu chòir structar phrìsean mionaideach a bhith ann an tairgsean a' mìneachadh na h-ùine agus nan goireasan a tha gan riarachadh do na seirbheisean a tha gan sireadh.

Bidh Ceannard Foillseachaidh agus Ceannard Teicneòlais is Oighreachd MG ALBA a' stiùireadh a' chùmhnaint, le riaghladh leantainneach fo uallach Manaidsear na Maoin Mheadhanan.

6. Clàr-ama

Tha clàr-ama an duais gu h-ìosal.

Clàr-ama	
Cuireadh gu tairgse ga chur a-mach	Diciadain 1 Iuchar 2026
Àm Cheistean	Diciadain 1 Iuchar – Diciadain 5 Lùnastal 2026
Ceann-latha dùnaidh nan tairgsean	2f, Diciadain 12 Lùnastal 2026
Agallamhan	Diardaoin 20 Lùnastal 2026
Fios mun cho-dhùnadh	Ro 5f, Dihaoine 21 Lùnastal 2026
Ùine stad	Gu Dimàirt 1 Sultain 2026
Toiseach na h-obrach	<u>Diardaoin 1 Dàmhair 2026</u>

7 Measadh nan Tairgsean

Tha na slatan-tomhais co-dhùnaidh gu h-ìosal. Thèid am measadh le panail measaidh. Thèid fios-air-ais a thoirt do luchd-tairgse neo-shoirbheachail air iarrtas.

Slatan-tomhais	Cuideam
Fianais fhollaiseach air a' chomas seirbheis earbsach, seasmhach a libhrigeadh gu cunbhalach chun na h-ìre a thèid aontachadh	25%
Eòlas agus teisteanasan an sgioba thar chomasan buntainneach	20%
Eòlas agus tuigse air a' Ghàidhlig	20%
Dealas do Sheasmhachd	10%
Pris	25%
IOMLAN	100%

8. Ceistean agus Cur a-steach

Mura tèid an caochladh a ràdh sa Chuireadh gu Tairgse, faodar na molaidhean agaibh a chur a-steach san riochd as fheàrr leibh (me, Microsoft Word, PowerPoint msaa.).

Dh'fhaodte gum bi cothrom ann bruidhinn air na tagraidhean seo agus an leasachadh tro agallamhan le tagraichean nuair a tha an t-àm tairgse seachad.

Faodar ceistean co-cheangailte ris a' Chuireadh gu Tairgse a dhèanamh tro phost-d gu tender@mgalba.com. Thèid freagairtean do cheistean a thogadh rè na h-ùine tairgse agus a nochdas fiosrachadh nach deach fhoillseachadh roimhe nach eil san raon phoblach fhoillseachadh air làrach-lìn MG ALBA agus/no a sgaoileadh gu an Luchd-tairgse uile ann an cruth nota Cheistean Cumanta. Tha na cinn-latha buntainneach gu h-àrd aig **6 Clàr-ama**.

B. FIOSRACHADH AGUS STIÙIREADH DO LUCHD-TAIRGSE

'S e do dhleastanas fhèin fiosrachadh a bharrachd sam bith fhaighinn a tha riatanach airson Tairgse ullachadh.

Bu chòir gach fios a bheir MG ALBA seachad a chumail dìomhair mura tig ort innse gus geallaidhean no cuòtan fhaighinn airson do Thairgse.

Feumaidh tu Tairgsean crìochnaichte a chur a-steach mar a tha air a mhìneachadh ann an A: SEIRBHEISEAN A THA GAN SIREADH

- Is dòcha gum feum MG ALBA fiosrachadh fhoillseachadh a thugadh seachad, mar eisimpleir, gus gèilleadh ri Achd Saorsa Fiosrachaidh 2000, lagh sam bith eile, no, mar thoradh air òrdugh breithneachail, no òrdugh le cùirt no triùnal no buidheann eile leis an ùghdarras foillseachadh òrdachadh.
- A rèir sin, ma tha sibh den bheachd gu bheil gin den fiosrachadh a tha air a ghabhail a-steach san Tairgse dìomhair gu malairteach, feumar sin a chomharrachadh agus mìneachadh (ann an teirmean coitcheann) dè an cron a dh'fhaodadh tachairt nan deigheadh a nochdadh agus/no fhoillseachadh.

Tha còir aig MG ALBA Tairgse sam bith a dhiùltadh nach eil, nam beachd-san, a' gèilleadh ris na riatanasan.

Is dòcha nach beachdaich MG ALBA air Tairgsean a gheibhear às dèidh a' cheann-latha agus an àm dùnaidh.

Tha còir aig MG ALBA an riatanas a tharraing air ais no atharrachadh aig ìre sam bith mus tèid an cùmhnant a thoirt seachad. Far a bheil atharrachaidhean susbainteach, faodaidh MG ALBA, ma thogras iad, an ceann-latha airson Tairgsean a leudachadh.

Pàighidh an Luchd-tairgse a h-uile cosgais co-cheangailte ris a' phròiseas Tairgse seo.

Thoir fa-near gum faod MG ALBA iarraidh air an Luchd-tairgse soirbheachail geallaidhean a thoirt seachad bho chompanaidh phàrant no neach no buidheann iomchaidh eile.

Tha MG ALBA airson gum bi Luchd-tairgse mothachail air na leanas:

- Chan eil dad anns a' chonaltradh eadar an Luchd-tairgse agus MG ALBA a thaobh a' phròiseas tairgse no freagairt na tairgse a' riochdachadh cùmhnant airson solar seirbheis sam bith a bhuineas ris a' phròiseas tairgse seo no barantas no riochdachadh gum bi no gum faodadh cùmhnant sam bith a bhith air a thoirt seachad.
- Tha còir aig MG ALBA tarraing air ais bhon pròiseas tairgse seo agus/no a leigeil seachad agus/no dàil a chur ann aig àm sam bith. Cha leig iad a leas cùmhnant sam bith a bhuileachadh mar thoradh air a' phròiseas tairgse seo, agus tha a' chòir aca teirmichean is cumhaichean a' phròiseis seo a neartachadh, ath-sgrùdadh agus/no a shoilleireachadh agus/no iarraidh air an Luchd-tairgse na freagairtean tairgse aca a shoilleireachadh agus/no fiosrachadh a bharrachd a thoirt seachad mun deidhinn.

- Feumar fiosrachadh a thoirt seachad ma thathar an dùil gum bi stri eadar compàirtean a thaobh daoine fa leth a tha an sàs san tagradh agus buill Bòrd MG ALBA agus/no luchd-obrach.
- Tha MG ALBA an dùil gum bi na cumhachan ag iarraidh air an Luchd-tairgse soirbheachail na h-àrachasan riatanach a bhith aca.
- Bidh a h-uile Còir Seilbhe Inntleachdail anns na Seirbheisean, toraidhean nan Seirbheisean, Toraidhean Lìbhrigidh agus Stuthan aig MG ALBA.
- Thathar an dùil gum bi an Luchd-tairgse soirbheachail ag obair a rèir math MG ALBA an-còmhnaidh.
- Thathar an dùil gun geall an Luchd-tairgse soirbheachail gun toir iad seachad na seirbheisean a rèir nan laghan buntainneach uile.
- Cleachdaidh an Luchd-tairgse soirbheachail fiosrachadh dìomhair MG ALBA a-mhàin airson a bhith a' coileanadh a dhleastanasan fon aonta agus cha nochd iad fiosrachadh dìomhair sam bith do neach sam bith ach a-mhàin don luchd-obrach aca no gus gèilleadh ri dleastanasan laghail sam bith;
- Thathar an dùil gun toir an Luchd-tairgse soirbheachail a h-uile taic reusanta do MG ALBA gus leigeil le MG ALBA dèiligeadh ri iarrtasan sam bith a dh'èireas a rèir Achd Saorsa Fiosrachaidh 2000;
- Thathar an dùil gum faod MG ALBA crìoch a chur air a' chùmhnannt le bhith a' toirt seachad 1 (aon) mhìos de rabhadh. Faodaidh MG ALBA cuideachd crìoch a chur air a' chùmhnannt sa bhad far a bheil an Luchd-tairgse soirbheachail a' briseadh gin de na dleastanasan aca, far nach eil prìomh luchd-obrach ann airson na seirbheisean a thoirt seachad, far a bheil gnothach an Luchd-tairgse air dùnadh, far a bheil Luchd-trusaidh Fhiachan air a chur an dreuchd a thaobh maoin sam bith den Luchd-tairgse, far nach urrainn don Luchd-tairgse na fiachan aca a phàigheadh, far a bheil an Luchd-tairgse a' sgur a bhith a' leantainn air adhart leis a' ghnìomhachas aca, no far a bheil atharrachadh sam bith ann an smachd an Luchd-tairgse.
- Às dèidh crìoch a chur air a' chùmhnannt ann an leithid a dhòigh, thathar an dùil nach bi dleastanas sam bith air MG ALBA pàighidhean sam bith a dhèanamh don Luchd-tairgse ach a-mhàin airson na h-obrach a chaidh a chrìochnachadh; tillidh an Luchd-tairgse gu MG ALBA a h-uile seilbh a bhuineas do MG ALBA; bheir an Luchd-tairgse a h-uile taic reusanta do MG ALBA gus leigeil le MG ALBA na seirbheisean a thoirt seachad; agus fuirichidh na prìomh theirmean a chaidh ainmeachadh gu h-àrd an sàs.
- Feumaidh an Luchd-tairgse soirbheachail gèilleadh ris na còdan cleachdaidh, reachdas agus stiùiridhean a leanas (am measg feadhainn eile):
 - Reachdas Slàinte is Sàbhailteachd
 - GDPR agus Achd Dion Dàta 2018

C. SLATAN-TOMHAIS BUILEACHAIDH AGUS MEATRAGS SGÒRAIDH

Bheir panail measaidh sgòr do fhreagairtean an Luchd-tairgse.

Thèid slatan-tomhais càileachdail a mheasadh mar a leanas:

0	Chan eileas a' sealltainn comas coinneachadh ris na slatan-tomhais
1	A' dèiligeadh ris na slatan-tomhais gu ìre ach chan eil mion-fhiosrachadh gu leòr ann
2	A' dèiligeadh ris na slatan-tomhais san fharsaingeachd ach chan eil mion-fhiosrachadh ann an raointean sònraichte
3	A' dèiligeadh ris na slatan-tomhais agus a' toirt seachad mion-fhiosrachadh gu leòr
4	A' dèiligeadh ris na slatan-tomhais gu coileanta agus a' toirt seachad mion-fhiosrachadh air mar a thèid coinneachadh ris an riatanas gu h-iomlan

Feumaidh tagradh soirbheachail sgòr co-dhiù 2 fhaighinn anns gach raon.

An uair sin, thèid am measadh a chothromachadh gus sgòr a thoirt gu buil, mar a tha air a mhìneachadh sa mheatrags.

Meatrags sgòraidh	Measadh	Cothromachadh	Sgòr
	<i>a</i>	<i>b</i>	$a \times b$
Slatan-tomhais	0-4	XX%	
Slatan-tomhais	0-4	XX%	
Slatan-tomhais	0-4	XX%	
Slatan-tomhais	0-4	XX%	
Fo-iomlan		XX%	
Pris		XX%	
IOMLAN		100%	

Gheibh an Tairgse leis a' phris as ìsle an sgòr as àirde airson Pris. Thèid sgòran a thoirt do Thairgsean eile a rèir sin.

D. CEISTEACHAN: FIOSRACHADH RIATANACH IS DEARBHADH

Lìonaibh agus tillibh am fiosrachadh a leanas.

Thèid gach fiosrachadh pearsanta a thèid a thoirt seachad a làimhseachadh gu dìomhair agus bidh e fo ùmhlachd laghan dìon dàta.

Faicibh [Sanas Priobhaideachd MG ALBA](#) airson fiosrachadh mu mar a làimhsicheas agus a chleachdas sinn am fiosrachadh pearsanta agaibh.

Ainm na Buidhne
Seòrsa Buidhne (m.e., Companaidh earranta le earrannan, Companaidh earranta le barantas, compàirteachas, msaa.)
Seòladh
Ainm a' phrìomh neach-conaltraidh
Fiosrachadh conaltraidh
Àireamh Fòn
Seòladh puist-d
Seòladh làrach-lìn (ma tha sin iomchaidh)
Àireamh Clàraidh Cìs Luach-Leasaichte
Ma tha an Tairgse agaibh às leth co-iomairt no co-bhanntachd, innsibh (a) ainm a' phrìomh neach; (b) ainm agus seòladh gach ball a thathar a' moladh den cho-bhanntachd; (c) ceudad ùidhean gach buill; agus (d) an dreuchd a bhios aig gach buill agus an ceudad a thathar a' meas a bhios iad a' compàirteachadh.

Ma tha sibh an dùil fo-chùmhantaich a chleachdadh, innsibh fiosrachadh mu gach fo-chùmhantach (ma tha fios air) agus an dreuchd a thathas an dùil a bhios aca.

A bheil na h-àrachasan a tha air an comharrachadh gu h-ìosal agaibh no a bheil dùil agaibh am faighinn, agus ma tha, gu dè an ìre ionmhais:

- Àrachas Buailteachd (Èigneachail) Luchd-fastaidh
- Àrachas Buailteachd Phoblaich
- Àrachas Cuidhteachaidh Proifeasanta

Mus tèid an Cùmhnant a Bhuileachadh, bidh MG ALBA airson sgrùdadh ionracas ionmhais is gnìomhachais a dhèanamh anns gach aon de na raointean a leanas:

- Adhbharan airson Dì-cheadachadh Èigneachail
- Adhbharan airson Dì-cheadachadh Roghnachail
- Staid eaconamach is ionmhais
- Àrachasan
- Co-ionannachd
- Riaghladh Àrainneachdail
- Slàinte is sàbhailteachd
- Poileasaidhean is cleachdaidhean cosnaidh (me dealas do dh'iomadachd is inghabhail, Fìor Thuarastal Bith-beò, msa.)

Faodaidh sibh beachd a thoirt seachad mar a tha iomchaidh gu h-ìosal.

*Tha mi/sinn ag aontachadh cumail ris an Tairgse seo bhon cheann-latha a chaidh a shuidheachadh airson Tairgsean fhaighinn, gus an tèid an Cùmhnant a Bhuileachadh.

*Tha mi/sinn a' tuigsinn nach eil MG ALBA ceangailte ris an Tairgse as ìsle no Tairgse sam bith a ghabhail agus nach bi iad ceangailte ris a' Chunnradair a chleachdadh mar sholaraiiche aonair.

Ainm-
sgriobhte

Ainm:

**(LITRICHEAN-
MÒRA)**

Tìotal

Ùghdarraichte gus Tairgsean a shoidhneadh airson agus às leth:

Ainm an Luchd-
tairgse

Ceann-latha